# MA14: Dè an uair a tha e a-nis?

What's the time now?

Presenter: Angela NicAoidh (Angela Mackay)

| | |
|---|---|
| ÌRE: | **Meadhanach-Àrd** |
| CUSPAIR: | **Dè an uair a tha e a-nis? (siostam ùr)** |
| PUINGEAN CÀNAIN: | **Mionaidean gu; Mionaidean às dèidh** |

| | |
|---|---|
| LEVEL: | **Intermediate-Advanced** |
| TOPIC: | **What's the time now? new system)** |
| LINGUISTIC POINTS: | **Minutes to; Minutes after (decimal system)** |

**ANGELA:**

Siud rabhadh a' chleoc! Tha e còig mionaidean às dèidh seachd 's tha an t-àm agam èirigh. Taobh a-staigh beagan mhionaidean 's tha an lite agam air goil 's tha e deiseil airson a dhòrtadh dhan bhobhla gus fuarachadh.

Tha e a-nis sia deug mionaidean às dèidh seachd. 'S fhèarr dhomh falbh 's mi fhèin a dhèanamh deiseil. Às dèidh leth-uair a thìde san t-seòmar glanaidh, bidh mi deiseil, lem aodach orm, mu sheachd mionaidean gu ochd.

A-nis gu mo choimpiutair is mo phuist-d. Leughaidh mi iadsan gu mu dheich mionaidean às dèidh ochd. Bidh mo lite fuar gu leòr airson ithe a-nis!

Fàgaidh mi an dachaigh aig còig deug mionaidean gu naoi. Is bidh mi aig m' obair aig naoi uairean! Is bidh mi mu choinneamh a' choimpiutair an uair sin gu aon uair deug - nuair a thèid mi chun a' chidsin airson cupa teatha a dhèanamh. Bidh an cupa sin falamh aig fichead 's a còig mionaidean às dèidh aon uair deug, agus bidh mise trang aig mo dheasc airson barrachd air uair a thìde eile.

**ANGELA:**

That's the alarm on the clock! It is five minutes past seven and it's time for me to get up. Within a few minutes my porridge is on the boil and it's ready to pour into the bowl to cool.

It is now sixteen minutes past seven. I'd better go and get myself ready. After half an hour in the bathroom, I'll be ready, fully-dressed about seven minutes to eight.

Now to my computer and my e-mails. I'll read them until about ten minutes past eight. My porridge will be cool enough to eat now!

I'll leave home at fifteen minutes to nine. And I'll be at work at nine o'clock. And I'll be in front of my computer from then until eleven o'clock - when I go to the kitchen to make a cup of tea. That cup will be empty at twenty-five minutes past eleven, and I'll be busy at my desk for over an hour after that.

**ANGELA:**
Thig àm lòin aig leth-uair às dèidh meadhan latha 's thèid mi dhan àite-bìdh còmhla ris an luchd-obrach - airson cothrom còmhraidh. Is an uair sin bidh mi air ais aig mo dheasc aig leth-uair às dèidh uair, agus air ais gu: obair, obair, obair - gu trì uairean feasgar. Sin nuair a ghabhas mi an dara cuairt dhan chidsin: airson cupa cofaidh - mòr, làidir.

Fàgaidh mi m' oifis ro chòig deug mionaidean gu sia aig a' char as fhadalaiche - oir bidh mi an còmhnaidh a' gabhail mo dhìnnear aig sia uairean feasgar.

Agus an ath mhadainn, aig còig mionaidean às dèidh seachd, seirmidh an cleoc aon uair eile!

**ANGELA:**
Lunchtime comes at half-past twelve, noon, and I'll go to the dining room with the staff - for a chance to chat. Then, I will be back at my desk at half-past one, and it's back to: work, work, work - until three o'clock in the afternoon. That's when I make my second trip to the kitchen: for a cup of coffee - large, strong.

I'll leave my office before fifteen minutes to six at the latest - because I always eat my dinner at six o'clock in the evening.

And the next morning at five minutes past seven, the alarm clock will ring again!

| Sùil air ais | Look back |
|---|---|
| còig mionaidean às dèidh seachd | five minutes past seven |
| sia deug mionaidean às dèidh seachd | sixteen minutes past seven |
| mu sheachd mionaidean gu ochd | about seven minutes to eight |
| mu dheich mionaidean às dèidh ochd | about ten minutes past eight |
| còig deug mionaidean gu naoi | fifteen minutes to nine |
| aig naoi uairean | at nine o'clock |
| aon uair deug | eleven o'clock |
| fichead 's a còig mionaidean às dèidh aon uair deug | twenty-five minutes past eleven |
| leth-uair às dèidh m(h)eadhan latha | half-past twelve, noon |
| leth-uair às dèidh uair | half-past one |
| trì uairean feasgar | three o'clock in the afternoon |
| ro chòig deug mionaidean gu sia | before fifteen minutes to six |
| còig deug mionaidean gu sia | fifteen minutes to six |
| sia uairean feasgar | six o'clock in the evening |